



ALBA

PASGAN FASTAIDH

CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SGILEAN AGUS EÒLAS	9
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	11

Facal bhon Àrd-Oifigear...


Tha sinn a' sireadh Ceannard Riochdachaidh (Didseatach) airson a thighinn còmhla ris an sgioba againn ann an Steòrnabhagh no Glaschu. Mar Cheannard Riochdachaidh (Didseatach) bidh sibh os cionn sgioba chruthachail agus a' stiùireadh obair làitheil riochdachadh susbaint didseatach airson ùrlaran didseatach MG ALBA.

Is e cothrom a tha seo don neach cheart a thighinn còmhla rinn fhad 's a tha sinn ag atharrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh a tha ag atharrachadh gu luath.

Is e àm brosnachail a th' ann a bhith mar phàirt de rudeigin luachmhor, cruth-atharrachail agus dìleab a chruthachadh don luchd-ùidh againn san àm ri teachd.

Anns a' phasgan seo gheibh sibh an sanas, an tuairisgeul obrach, an sònrachadh pearsanta agus stiùireadh airson tagradh a chur a-steach.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur tagradh.



Dòmhnall Caimbeul
01/04/2025

AR SAOGHAL



GÀIDHLIG ANNS GACH ÀITE



AIRSON GACH NEACH

AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Gàidhlig

LUCHD AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathais

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach



Ceannard Riochdachaidh (Didseatach)

Tìotal-obrach	Ceannard Riochdachaidh (Didseatach)	Ìre	E1	Uairean seachdaineil	37
---------------	-------------------------------------	-----	----	----------------------	----

Àite Steòrnabhagh no Glaschu

Raon tuarastail £44,598 - £51,721

Adhbhar Tha e an urra ris a' Cheannard Riochdachaidh (Didseatach) a bhith a' cumail sùil air an sgioba chruthachail agus a' stiùireadh obair làitheil riochdachadh susbaint didseatach airson ùrlaran didseatach MG ALBA. Bidh an dreuchd seo a' dèanamh cinnteach à goireasan èifeachdach, dealbhadh agus coileanadh susbaint didseatach àrd-inbhe a bheir buaidh fhad 's a chumas iad inbhean deasachaidh agus smachd buidseit. Bidh an t-Àrd-Riochdaire cuideachd gu mòr an sàs ann a bhith ag àrach thàlant, a' sgioblachadh phròiseasan, agus a' cumail suas com-pàirteachasan èifeachdach le solaraichean cruthachail a-staigh agus a-muigh.

Cunntachail gu Stiùiriche Susbaint

Ag obair le In-taigh – Sgioba Chruthachail; Sgiobaidhean Margaidheachd, Coimiseanaidh & Foillseachaidh
Taobh a-muigh – Solaraichean bhon taobh a-muigh; Co-obraichean bhon BhBC; Luchd-obrach neo-cheangailte agus Luchd-cruthachaidh Susbaint bhon taobh a-muigh

Amasan

- Thoir seachad manaidseadh loidhne èifeachdach air an sgioba chruthachail a-staigh, a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' coileanadh amasan gnìomhachais agus gu bheil an sgioba a' faighinn taic nan oidhirpean cruthachadh susbaint
- A' cumail sùil air agus a' riaghladh gnìomhachd làitheil, a' dèanamh cinnteach à sruth-obrach rèidh agus èifeachdach airson riochdachadh susbaint didseatach air a choimiseanadh / air fhiosrachadh bhon sgioba coimiseanaidh susbaint agus ge bith an ann bho sholarachadh a-staigh no a-muigh
- Goireasaich agus riarach toradh cruthachail thar ùrlaran didseatach MG ALBA, a' gabhail a-steach YouTube agus na meadhanan sòisealta
- Pròiseasan riochdachaidh a sgioblachadh gus toradh cruthachail agus èifeachdas àrdachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh bathar-bog chompanaidhean aig an ìre as fheàrr
- Stiùirich agus os-shealladh a bhith air obair riochdachaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil obair air a riarachadh gu h-ìomchaidh
- Os-shealladh air riochdachaidhean susbaint a dh'aonaighnothach, a' dèanamh cinnteach à cruthachalachd, inbhean riochdachaidh agus deasachaidh àrd, cumail ri buidseit agus gèilleadh deasachaidh

- Leasaich agus cuir an gnìomh planaichean meantoraidd is trèanaidh airson daoine cruthachail a-staigh agus nuair a tha e iomchaidh bhon taobh a-muigh
- Dèan cinnteach gu bheil cùmhnanntan agus pàipearan buntainneach uile nan àite airson riochdachaidhean
- Stiùirich agus sùil a chumail air buidseatan co-cheangailte ri cruthachadh susbaint didseatach
- Stiùirich tasglann de shusbaint didseatach a rinn an sgioba agus / no solaraichean/luchd-cruthachaidh bhon taobh a-muigh
- Tog agus cùm suas cruinneachadh tàlant de dhaoine cruthachail bhon taobh a-muigh gus dèiligeadh ri beàrnan sgilean agus dèanamh cinnteach à còmhach

Prìomh Thoraidhean

- Sgioba chruthachail air a riaghladh gu h-èifeachdach, le amasan soilleir agus planaichean leasachaidh dreuchd nan àite
- Susbaint didseatach àrd-inbhe air a riochdachadh a tha a' coinneachadh ri prìomhachasan stiùiridh is margaidheachd MG ALBA agus a tha a rèir inbhean deasachaidh a' BhBC
- Meudachadh ann an seallaidhean agus conaltradh thar ùrlaran didseatach
- Goireasachadh agus sruth-obrach as fheàrr, a' leantainn gu barrachd toradh cruthachail
- Clàran riochdachaidh air an deagh riaghladh, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' coinneachadh ri cinn-latha airson filmeadh, deasachadh agus lìbhrigeadh de stuthan so-mhain
- Dàimhean làidir air an cumail suas le sgiobaidhean a-staigh agus solaraichean bhon taobh a-muigh, a' dèanamh cinnteach à pròiseas riochdachaidh rèidh
- Rianachd buidseit èifeachdach agus smachd ionmhasail air cruthachadh susbaint didseatach
- Ùr-ghnàthachadh agus cruthachalachd nas fheàrr taobh a-staigh na sgioba, a' leantainn gu susbaint didseatach tarraingeach agus àrd-bhuaidh.

Prìomh dhleasan:

- Manaidseadh loidhne den Sgioba Chruthachail (5-6 buill), a' gabhail a-steach lèirmheasan dèanadais agus planadh leasachaidh
- Os-shealladh air riaghladh sholaraichean chruthachail bhon taobh a-muigh gus dèanamh cinnteach à toradh àrd-inbhe
- Dèan conaltradh le sgioba margaidheachd, coimiseanaidh agus foillseachaidh, a thuilleadh air solaraichean riochdachaidh bhon taobh a-muigh gus dèanamh cinnteach gun tèid margaidheachd didseatach èifeachdach a lìbhrigeadh agus susbaint conaltraidh, a rèir ro-innleachd
- Dèan conaltradh le solaraichean bhon taobh a-muigh gus so-mhain ioma ùrlar aontachadh
- Mion-sgrùdadh air dàta luchd-amhairc gus fiosrachadh a thoirt do chruthachadh susbaint didseatach
- Goireasaich agus os-shealladh air cruthachadh susbaint airson ùrlaran didseatach MG ALBA.
- Stiùirich agus cùm sùil air buidseatan airson cruthachadh susbaint didseatach, a' dèanamh cinnteach à èifeachdas ionmhasail

- Dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile susbaint didseatach a rèir inbhean deasachaidh, gèilleadh, agus càileachd, leis a h-uile pàipear riatanach air a chlàradh
- Gèilleadh deasachaidh airson susbaint didseatach
- Os-shealladh air riochdachadh susbaint didseatach a dh'aona-ghnothach, an dà chuid a-staigh agus a-muigh
- Dèan cinnteach gu bheil a h-uile pàipear cùmhnantail na àite airson riochdachaidhean agus stiùirich soidhnigeadh buidseit airson cruthachadh susbaint
- Dèan conaltradh le agus taic a thoirt do sholaraidhean bhon taobh a-muigh nuair a bhios feum
- Leasaich agus cuir an gnìomh mìosachan pròiseict, a' cumail sùil air cinn-latha, filmeadh, agus deasachadh chlàran-ama airson goireasan a-staigh agus a-muigh
- Dèan conaltradh le solaraidhean bhon taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh mu riatanasan cruthachadh susbaint a rèir ro-innleachd margaidheachd is susbaint
- Dèan lèirmheas agus thoir seachad fios air ais mu mhaoin didseatach agus sanasachd gus dèanamh cinnteach à cunbhalachd agus càileachd
- Brosnaich an sgioba chruthachail gus susbaint àrd-inbhe, tarraingeach a thoirt gu buil agus aig an aon àm ag àrach cultar ùr-ghnàthachaidh
- Stiùirich goireasan a-staigh agus a-muigh gu h-èifeachdach fhad 's a' cumail sùil air sruth-obrach airson riochdachadh so-mhaoin
- Dèanamh cinnteach à co-obrachadh eadar sgiobaidhean margaidheachd, coimiseanaidh agus foillseachaidh gus dèanamh cinnteach à teachdaireachdan co-cheangailte
- Cum suas ris an fhiosrachadh as ùire mu ghluasadan ùrlair agus susbaint didseatach gus fiosrachadh a thoirt do ro-innleachd cruthachadh susbaint
- Dèan cinnteach gu bheil tasglann de shusbaint didseatach air a chumail suas
- Riochdaich an sgioba aig tachartasan gnìomhachais agus co-labhairtean.

Fad a' chùmhnaight:

Maireannach

Sgilean agus Eòlas

	Riathanach	Miannaichte
Sgilean / Eòlas	Eòlas riochdachaidh, nas fheàrr buileach mar Mhanaidsear Riochdachaidh no Riochdaire	Eòlas meadhanan didseatach / sòisealta roimhe
Eòlas	- Dòigh-smaoineachaidh deasachaidh - Eòlas air ùrlaran didseatach & meadhanan sòisealta - Eòlas math air tàlant riochdachaidh & air-sgrion ann an roinn riochdachaidh na Gàidhlig	Eòlas air margaidheachd didseatach
Sgilean	- Eòlas ann a bhith a' stiùireadh sgioba, a' stèidheachadh amasan gus na toraidhean as fheàrr fhaighinn - Sgilean conaltraidh agus stiùiridh - Sàr sgilean rianachd ghoireasan, eagrachadh agus riaghladh ùine - Dòigh smaoineachaidh deasachaidh - Eòlas air mion-sgrùdadh dàta luchd-amhairc - Sgilean stiùireadh buidseit bunaiteach - Sgilean innse sgeulachdan - Sàr-mhathas sa Ghàidhlig, an dà chuid sgrìobhte agus labhairteach - Sgilean Stiùireadh Pròiseict / Riochdachaidh - Sàr sgilean fuasgladh-cheistean - Neach-conaltraidh nàdarrach, gu h-eadar-phearsanta agus tro na meadhanan sòisealta - Sàr sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh (labhairteach agus sgrìobhte) ann an Gàidhlig agus Beurla - Comas sgrìobhainnean agus taisbeanaidhean àrd-inbhe a	- Sgilean meadhanan sòisealta - Tuigse bhunaiteach air prionnsabalan margaidheachd - Comas le bathar-bog Stiùireadh Pròiseict - Eòlas dearbhte air stiùireadh loidhne agus sgilean leasachadh dhaoine

	chruthachadh airson adhbharan aithris • Sàr sgilean dhaoine thar gach raon den ghnìomhachas	
Feumalachdan cànain	• Fileanta sa Ghàidhlig le sàr sgilean labhairt is sgrìobhte	
Modhan-giùlain	• Comas sgioba a bhrosnachadh • Comas fios air ais cuideachail a thoirt seachad agus fhaighinn, an dà chuid ann am pròiseas cruthachail & riaghlaidh • Fìor ùidh agus eòlas follaiseach ann am margaidheachd & meadhanan sòisealta • Ìre àrd de sgilean eagrachaidh & planadh air adhart • A' sealltainn tionnsgalachd agus spionnadh cruthachail • Sùbailte agus fèin-bhrosnaichte • Dealasach a thaobh leasachadh proifeiseanta, suidheachadh amasan agus dèanadas • Fèin-thòiseachadh agus an comas prìomhachas a thoirt do dh'eallach obrach, comas obrachadh fo chuideam le dòigh-obrach chiùin • Cothrom a bhith ag obair gu sùbailte agus siubhal gu cunbhalach gu tachartasan gnìomhachais. • Dòigh smaoineachadh 'can do'	

Sanas

Mar Cheannard Riochdachaidh (Didseatach) bidh e an urra ribh a bhith os cionn sgioba chruthachail agus a bhith a' stiùireadh obair làitheil riochdachadh susbaint didseatach agus libhrigeadh bho sholaraichean bhon taobh a-muigh airson ùrlaran didseatach MG ALBA.

Bidh sibh an cois buidheann aig fìor thoiseach solar nam meadhanan Gàidhlig, a' cumadh agus a' daingneachadh ar tabhartasan san àm ri teachd agus gar cuideachadh gus ceangal a dhèanamh ri luchd-amhairc ùr.

Airson a bhith soirbheachail san dreuchd seo, bidh eòlas riochdachaidh agaibh, nas fheàrr buileach mar Mhanaidsear Riochdachaidh no Riochdaire. Bidh ìre àrd de sgilean eagrachaidh agus planadh adhartach agaibh agus bidh eòlas follaiseach agaibh air a bhith a' stiùireadh sgioba agus a' suidheachadh amasan gus na toraidhean as fheàrr fhaighinn.

Còmhla ri tuarastal tarraingeach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochair, a' gabhail a-steach:

- Sgeama peinnsein - 10% tabhartas bhon chompanaidh, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh
- 31 làithean-saora bliadhnail agus 6 làithean-poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd gym
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), A' Cur Luach ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha dùnaidh airson tagraichean – **Dihaoine 18 Giblean 2025**, cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Stiùireadh airson Tagradh:

Feuch an cuir thu do CB agus litir-chòmhdachaidh gu laura.rennie@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh ort agus do thuigse air mar as urrainn dhut an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

MÒRAN TAING!

